



Nàiseanta 4
Sònrachadh Cùrsa



Bith-eòlas Nàiseanta 4 Sònrachadh a' Chùrsa (C879 74)

Dligheach bhon Lùnastal 2013

A' chiad deasachadh: An Giblean 2012
Ath-sgrùdaichte: An t-Ògmhios 2013, dreach 1.1

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach faighear prothaid sam bith bhon ath-riochdachadh agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo a luchdadh a-nuas bho làrach-lìn an SQA aig www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharrachaidhean bho dhreachan nas tràithe (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2026

Geàrr-iomradh a' Chùrsa

Tìotal a' Chùrsa: Bith-eòlas Nàiseanta 4

SCQF: ìre 4 (24 puingeann creideis SCQF)

Còd a' Chùrsa: C879 74

Aonadan riatanach

J5Y1 74	Bith-eòlas Cheallan (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
J5Y2 74	Bith-eòlas: Fàs-bheairtean loma-cheallach (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
J5Y3 74	Bith-eòlas: Beatha na Cruinne (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF

Aonad luach leasaichte

J5Y4 74	Obair shònraichte Bith-eòlais (Nàiseanta 4)	6 puingeann creideis SCQF
---------	---	---------------------------

Tha sia puingeann creideis SCQF anns a' Chùrsa seo airson measadh air luach leasaichte anns an Aonad Luach Leasaichte. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun Aonad seo san earrann air Measadh.

Inntrigeadh air a mholadh

Tha inntrigeadh don Chùrsa seo an urra ris an ionad. Ach, bhithte an dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean agus an t-eòlas riatanach fhaighinn bho aon no barrachd de na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ♦ Cùrsa Bith-eòlas Nàiseanta 3 no Aonadan co-phàirteach buntainneach.

Dh'fhaodadh adhartas a bhith ann cuideachd bho Chùrsaichean Ceimigeachd Nàiseanta 3, Saidheans Àrainneachdail Nàiseanta 3, Fiosaigs Nàiseanta 3, no Saidheans Nàiseanta 3.

A thaobh ro-ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dhèanamh cuideachd. Tha tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an *Notaichean-taice a' Chùrsa*.

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ♦ teisteanasan eile ann am Bith-eòlas no raointean co-cheangailte
- ♦ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrann air Feallsanachd.

Co-ionannas agus in-ghabhaltas

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa-leth a thoirt fa-near nuair a thathar a' planadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' beachdachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùr is ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus air ionnsachadh a chuir an gnìomh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus air cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raon cuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealaim airson Sàr-mhathais

Tha bith-eòlas a' toirt buaidh air a h-uile duine agus tha e ag amas air fuasglaidhean fhaighinn airson mòran de na trioblaidean san t-saoghal. Tha bith-eòlas, rannsachadh nam fàs-bheairtean beò, a' cluiche pàirt chudromach sa bheatha làitheil againn, agus tha e na chuspair a tha a' sìor-fhàs cudromach ann an saoghal an latha an-diugh. Tha adhartasan ann an teicneòlasan, air an cuspair ioma-chùiseach seo a dhèanamh nas inntinniche agus nas buntainniche na bha e a-riamh.

Brosnachaidh Cùrsaichean bith-eòlais leasachadh sgilean agus sgilean fuasgladh-cheistean, a bheir air luchd-ionnsachaidh a bhith nas misneachaile. Bidh luchd-ionnsachaidh soirbheachail ann am bith-eòlas a' smuaineachadh gu cruthachail, a' mion-rannsachadh agus a' fuasgladh cheistean. Tha bith-eòlas ag amas air saoranaich chiallach altramadh, tro rannsachadh rointean buntainneach bith-eòlais, leithid slàinte, an àrainneachd agus seasmhachd.

Bidh an Cùrsa a' leigeil le luchd-ionnsachaidh an saoghal a thuigsinn agus a sgrùdadh ann an dòigh a tha inntinneach agus tlachdmhor. Bidh e a' leasachadh comas an luchd-ionnsachaidh a bhith a' smaoineachadh gu h-anailiseach, gu cruthachail agus gu neo-eisimeileach, agus a' bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean reusanaichte. Bidh an Cùrsa a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh eòlas fhaighinn agus a chur an gnìomh, measadh a dhèanamh air cùisean àrainneachdail is saidheansail, beachdachadh air riosg, agus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh. Faodaidh seo toirt air luchd-ionnsachaidh beachd fiosraichte agus beusail a leasachadh air cùisean làithreach. Bidh luchd-ionnsachaidh a' leasachadh sgilean ann an conaltradh, co-obrachadh agus ceannardas, agus a' cur an gnìomh breithneachadh ann an co-theacsaichean ùra agus neo-chunbhalach gus ceistean fhuasgladh.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

'Se adhbhar a' Chùrsa seo ùidh is dealas an luchd-ionnsachaidh a leasachadh ann am bith-eòlas, ann an raon de cho-theacsaichean. Bidh sgilean mar rannsachadh is sgrùdadh saidheansail gan leasachadh tron Chùrsa, le bhith a' sgrùdadh mar a tha bith-eòlas ga chur an gnìomh. Bidh seo a' leigeil le luchd-ionnsachaidh a bhith nan saoranaich le tuigse saidheansail, comasach air beachdan agus fiosrachadh saidheansail a thuigsinn agus a mheasadh.

Bidh an Cùrsa luachmhor dhaibhsan a tha ag iarraidh sgilean, eòlas agus tuigse air bith-eòlas a leasachadh. Bidh e ag amas air tuigse shaidheansail a leasachadh air cùisean bith-eòlasach, le cuideam air gnìomhachdan practaigeach. Tha an Cùrsa a' gabhail a-steach roghainn fharsaing agus nua-aimsireach de bheachdan is bun-bheachdan a tha buntainneach don àite chudromach a th' aig saidheans beatha sa chomann shòisealta againn. Tha modh-obrach deuchainneach agus sgrùdail ga chleachdadh gus eòlas agus tuigse air prìomh raointean bith-eòlais a leasachadh.

Tha an Cùrsa a' dèiligeadh ri raointean cudromach bith-eòlais, bhon ìre cheallaich dhan fhàs-bheairt iomlain suas ri eag-shiostaman. Tha na prìomh raointean bith-iomadachd, eadar-eisimeileachd, siostaman na bodhaige agus ceallan is oighreachd air an leasachadh tron Chùrsa seo.

Tha an Cùrsa a' toirt sùbailteachd agus pearsanachadh taobh a-staigh gach Aonaid agus san Aonad Luach Leasaichte le bhith a' tairgse roghainn sna co-theacsaichean a rannsaichear.

Tha an Cùrsa a' toirt sùbailteachd agus pearsanachadh le bhith a' tairgse roghainn sna co-theacsaichean a rannsaichear.

Tha an Cùrsa ag amas air:

- ◆ eòlas is tuigse air bith-eòlas a leasachadh agus a chur an gnìomh
- ◆ tuigse a leasachadh air an àite a th'aig bith-eòlas ann an cùisean saidheansail agus mar a thathar ga chur an gnìomh sa chomann shòisealta agus san àrainneachd
- ◆ rannsachadh saidheansail agus sgilean sgrùdaidh a leasachadh
- ◆ sgilean smaoineachaidh bhun-rannsachail a leasachadh ann an co-theacsa bith-eòlasach
- ◆ a' leasachadh cleachdadh teicneòlas, uidheam agus stuthan gu sàbhailte ann an gnìomhan saidheansail practaigeach
- ◆ sgilean fuasgladh cheistean a leasachadh ann an co-theacsa bith-eòlasach
- ◆ litearrachd shaidheansail a chleachdadh agus a thuigsinn, ann an co-theacsaichean làitheil, gus beachdan is cùisean a chonaltradh
- ◆ an t-eòlas agus na sgilean a leasachadh airson ionnsachadh nas adhartaiche ann am bith-eòlas

Tha an Cùrsa cuideachd a' toirt do gach neach-ionnsachaidh tuigse air a' bhuaidh a th' aig bith-eòlas air beatha làitheil, agus an t-eòlas agus an tuigse a dh'fheumas iad gus a bhith comasach air aithrisean sna meadhanan a thuigsinn agus a mheasadh. Bidh seo cuideachd a toirt air luchd-ionnsachaidh a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean dhaibh fhèin air cùisean taobh a-staigh comann shòisealta an latha an-diugh, far a bheilear a' sìor-leasachadh stòras an eòlais shaidheansail agus mar a thathar ga chur an gnìomh. Le bhith a' cleachdadh stèidh nan sgilean agus an eòlais agus na tuigse a gheibh iad

tro bhith-eòlas, fàsaidh luchd-ionnsachaidh a bhith nan saoranaich aig a bheil tuigse shaidheansail.

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha an Cùrsa freagarrach airson luchd-ionnsachaidh a tha air eòlas fhaighinn air ionnsachadh thar nan eòlasan agus builean nan saidheansan. Faodaidh an Cùrsa a bhith freagarrach dhaibhsan a tha ag iarraidh bith-eòlas a rannsachadh airson a' chiad turais.

Tha an Cùrsa seo stèidhte air leasachadh sgilean. Tha e a' toirt fa-near feumalachdan a h-uile neach-ionnsachaidh agus tha e a' tairgse sùbailteachd gu leòr gus comas a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith a' coileanadh ann an diofar dhòighean.

Tha Cùrsaichean Bith-eòlas gan tabhann bho ìre SCQF 3 gu ìre SCQF 7. Gabhaidh adhartas gu dìreach a dhèanamh tro na h-ìrean seo, agus taobhach gu teisteanasan eile sna Cùrsaichean saidheans. Leigidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh a-steach gu tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus trèanadh.

Structar a' Chùrsa agus cumhaichean measaidh

Structar a' Chùrsa

Leasaichidh an Cùrsa seo raon de sgilean ann an co-theacsa bith-eòlasach. Brosnachaidh e tuigse air bith-eòlas, a' cleachdadh modhan-obrach eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach gnìomhachdan practaigeach.

Tha ceithir Aonadan riatanach sa Chùrsa seo, a' gabhail a-steach an Aonaid Luach Leasaichte. Tha na ciad trì Aonadan a leanas, air an dealbhadh gus leantainn gu na h-Aonadan co-fhreagarrach aig ìre Nàiseanta 5.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Faodar Aonadan a theagasg aon às dèidh a chèile no aig an aon àm. Ach bu chòir gu bheil dòighean-obrach ionnsachaidh is teagaisg a' toirt chothroman gus sgilean a chur còmhla, far an gabh sin dèanamh.

Bith-eòlas Cheallan (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean ann an rannsachadh saidheansail, sgrùdadh agus smaoineachadh bun-rannsachail, còmhla ri eòlas agus tuigse air bith-eòlas cheallan. Bidh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh chùisean agus a' conaltradh fiosrachadh co-cheangailte ris na toraidhean aca, a bhios a' leasachadh sgilean tuigse saidheansail. 'S iad na prìomh raointean ris am bithear a' dèiligeadh: roinneadh cheallan agus a' ghnìomh aige ann am fàs agus càradh, DNA, ginean agus cròmasoman, cleachdadh leigheis cheallan, feartan bheirmearan agus an cleachdadh ann an gnìomhachasan, feartan mhicro-fhàs-bheairtean agus an cleachdadh ann an gnìomhachasan, foto-co-chur — factaran cuibhreachail, factaran a tha a' toirt buaidh air analachadh, agus dòighean-obrach bith-eòlasach a tha connspaideach.

Bith-eòlas: Fàs-bheairtean ioma-cheallach (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean ann an rannsachadh saidheansail, sgrùdadh agus smaoineachadh bun-rannsachail, còmhla ri eòlas agus tuigse ann an co-theacsa fhàs-bheairtean ioma-cheallach. Bidh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh chùisean agus a' conaltradh fiosrachadh co-cheangailte ris na toraidhean aca, a bhios a' leasachadh sgilean tuigse saidheansail. 'S iad na prìomh raointean ris am bithear a' dèiligeadh: gineadh gnèitheasach agus neo-ghnèitheasach agus cho cudromach 's a tha seo airson 's gum mair an gnè beò, a' siolachadh agus a' fàs lusan, lusan gan cleachdadh gu coimeirsealta, fiosrachadh ginteil, fàs agus leasachadh diofar fhàs-bheairtean, agus gnìomhan bith-eòlasach mar fhreagairtean air atharrachaidhean bhon taobh a-staigh is bhon taobh a-muigh gus cor seasmhach na bodhaige a chumail.

Bith-eòlas: Beatha na Cruinne (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean ann an rannsachadh saidheansail, sgrùdadh agus smaoineachadh bun-rannsachail, còmhla ri eòlas agus tuigse ann an co-theacsa beatha na Cruinne. Bidh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh chùisean agus a' conaltradh fiosrachadh co-cheangailte ris na toraidhean aca, a bhios a' leasachadh sgilean tuigse saidheansail. 'S iad na prìomh raointean ris am bithear a' dèiligeadh: mar a tha gnèithean ainmhidh is lusan ceangailte ri chèile, a' bhuaidh air bith-iomadachd bho fhàs ann an àireamh-sluaigh agus bho chunnartan nàdarra, cuairt naitridean, dealbhadh stuthan-mathachaidh agus a' bhuaidh a th' aca air an

àrainneachd, freagarrachd airson mairsinn beò, agus modh-giùlain ionnsaichte mar fhreagairtean do bhrosnachaidhean ceangailte ri mairsinn na gnè.

Aonad Luach Leasaichte: Obair shònraichte Bith-eòlais (Nàiseanta 4)

San Aonad seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh agus a' leudachadh nan sgilean a dh'ionnsaich iad bho air feadh na h-Aonadan eile, agus a' sealltainn raon farsaing eòlais is sgilean, ann an co-theacsan neo-chunbhalach agus/no tro dhòighean amalaichte.

Cùmhnanntan duaise

Gus an Cùrsa Bith-eòlas Nàiseanta 4 a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh gach Aonad riatanach a choileanadh, 's nam measg an t-Aonad Luach Leasaichte. Chithear na h-Aonadan riatanach anns an earrann Geàrr-iomradh a' Chùrsa.

Chan eil Cùrsaichean Nàiseanta 4 air an rangachadh.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Gheibhear làn sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh an Aonaid Luach Leasaichte*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair riatanach, an eòlas agus an tuigse a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrann seo Tha seo a' gabhail a-steach:

- ◆ a' taisbeanadh eòlas agus tuigse air bith-eòlas le bhith a' dèanamh aithrisean, a' toirt cunntas air fiosrachadh agus a' toirt seachad mìneachaidhean
- ◆ a' cur an gnìomh eòlas air bith-eòlas ann an suidheachaidhean air a bheilear eòlach, ag eadar-mhìneachadh fiosrachadh agus a' fuasgladh cheistean
- ◆ a' planadh agus a' coileanadh deuchainnean/sgrùdaidhean practaigeach gu sàbhailte gus na buaidhean a shealltainn
- ◆ a' cleachdadh sgilean làimhseachadh fiosrachaidh le bhith a' taghadh, a' taisbeanadh agus a' giollachd fiosrachadh
- ◆ a' dèanamh co-dhùnaidhean choitcheann stèidhte air fianais/fiosrachadh
- ◆ a' tarraing cho-dhùnaidhean dligheach agus a' toirt seachad mìneachaidhean le taic bho fhianais
- ◆ a' moladh leasachaidhean gu deuchainnean/sgrùdaidhean practaigeach
- ◆ a' conaltradh toraidhean/fiosrachadh

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònraichaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF (www.scqf.org.uk).

Measadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Notaichean-taice a' Chùrsa* agus ann an *Sònrachadh an Aonaid Luach Leasaichte*.

Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an *Sònrachadh an Aonaid*.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le bhith a' cleachdadh dòighean-obrach eile le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh taobh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

Bith-eòlas Cheallan (Nàiseanta 4)

Bidh luchd-ionnsachaidh a choileanas an t-Aonad seo comasach air:

- ◆ sgilean rannsachaidh shaidheansail a chur an gnìomh agus tarraing air eòlas is tuigse air prìomh raointean an Aonaid seo gus deuchainn/sgrùdadh practaigeach a ghabhail os làimh
- ◆ tarraing air eòlas is tuigse air prìomh raointean an Aonaid seo agus sgilean saidheansail a chur an gnìomh

Bith-eòlas: Fàs-bheairtean loma-cheallach (Nàiseanta 4)

Bidh luchd-ionnsachaidh a choileanas an t-Aonad seo comasach air:

- ◆ sgilean rannsachaidh shaidheansail a chur an gnìomh agus tarraing air eòlas is tuigse air prìomh raointean an Aonaid seo gus deuchainn/sgrùdadh practaigeach a ghabhail os làimh
- ◆ tarraing air eòlas is tuigse air prìomh raointean an Aonaid seo agus sgilean saidheansail a chur an gnìomh

Bith-eòlas: Beatha na Cruinne (Nàiseanta 4)

Bidh luchd-ionnsachaidh a choileanas an t-Aonad seo comasach air:

- ◆ sgilean rannsachaidh shaidheansail a chur an gnìomh agus tarraing air eòlas is tuigse air prìomh raointean an Aonaid seo gus deuchainn/sgrùdadh practaigeach a ghabhail os làimh
- ◆ tarraing air eòlas is tuigse air prìomh raointean an Aonaid seo agus sgilean saidheansail a chur an gnìomh

Aonad Luach Leasaichte

Tha measadh air [luach leasaichte](#)¹ ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-Ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 4, thèid luach leasaichte air a mheasadh ann an Aonad Luach Leasaichte. Dèiligidh an t-Aonad Luach Leasaichte ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlann no cur an gnìomh.

Sa Chùrsa Bith-eòlas Nàiseanta 4, cuiridh an t-Aonad Luach Leasaichte fòcas air dùbhlann agus cur an gnìomh.

Tarraingidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh na sgilean agus an t-eòlas a tha iad air faighinn tron Chùrsa. Bidh iad a' coileanadh sgrùdadh domhainn ann an co-theacsa neo-chunbhalach agus/no co-theacsa amalaichte. Thèid seo a mheasadh le obair shònraichte.

¹ Gheibhear làn fhiosrachadh air na mìneachaidhean an seo:
<http://www.sqa.org.uk/sqa/58409.html>

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Thathar an dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean air a bheilear an dùil a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa, stèidhte air *Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh* agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo bhith fhighe a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

2 Àireamhachd

- 2.1 Pròiseasan Àireimh
- 2.2 Airgead, uair agus tomhas
- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur an gnìomh
- 5.4 Dèanamh anailis agus luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an SQA *Frèam-obrach Sgilean: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh*. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: an t-Ògmhios 2013 (dreach 1.1)

Eachdraidh atharrachaidhean ann an Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Dreach	Tuairisgeul atharrachaidh	Ùghdarraichte le	Deit
1.1	Earrann Inntigeadh a th' air a mholadh: ìre inntigidh air a cheartachadh. Earrann 'Sgilean, eòlas is tuigse': atharrachadh do bhriathrachas gus ciall/gnìomhan a shoilleireachadh.	Manaidsear Leasachadh Theisteanasan	An t-Ògmhios 2013

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach faighear prothaid bhon ath-riochdachadh agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo a luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near: Tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA (www.sqa.org.uk) gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-Sònrachadh Cùrsa seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2026